Latha blàth samhraidh, chaidh clas slàn S1 luchd-ionnsachaidh gu ruige 'Pròiseact na h-Àirigh' airson latha a bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn Gàidhlig san àrainneachd. 'S e àite air leth brèagha a th'anns An Àiridh - ann an Gleann Srath Farair.

An latha a chaidh sinn ann, fhuair na sgoilearan cothrom beathaichean fhaicinn (mucan is crodh) agus ceistean fhaighneachd mun deidhinn. An uairsin, chuala sinn mu dheidhinn mòine is fhuair iad uile cothrom mòine a ghearradh no a thogail. Rinn sinn obair dealbhaidh agus mìneachadh às dèidh làimh, a' cleachdadh briatharachas Gàidhlig.

NA TORRAN

Mar phàirt de Dhuais Iain Muir, choinnich sgoilearan à Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Acadamaidh Inbhir Pheofharain agus Àrd-sgoil Phort Rìgh aig ostail na Torrain san Eilean Sgitheanach. Oidhche Haoine, ghabh sinn bbq. Disathairne, chaidh sinn air turas bàta bho chidhe Ealghoil gu ruige Loch Sgàbhaig. Air an t-slighe, chunnaich sinn tòrr ròin a' gabhail na grèine air na creagan! Choisich sinn a dh' ionnsaigh Loch a' Choir' Uisge, an locha ainmeil, airson biadh is còmhraidh gu leòr sa Ghàidhlig.

TURAS LEÒDHAIS

Chaidh S3/4 luchd-ionnsachaidh a Leòdhas fad 3 latha, gus barrachd ionnsachadh mu chultar na Gàidhlig. Choinnich iad sgoilearan Àrd Sgoil Mhicneacail airson farpais-cheist Gàidhlig, fhuair iad cothrom an dinnear òrdachadh sa Ghàidhlig ann an Taigh-òsta, agus bha draibhear bus againn fad an turais aig an robh Gàidhlig! Chaidh sinn a Chalanais, Dùn Chàrlabhagh agus dhan tràigh airson geamaichean Gàidhlig. Bha an turas air leth feumail is inntinneach do na sgoilearan.

FIOLM LE DRAOIDHEACHD!

Rinn S1/S2 aig Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis obair mhòr ron Nollaig le bhith a' sgrìobhadh, fiolmadh is gearradh airson FiolmG. Chruthaich iad fìor dheagh sgrìobt agus dh'obraich iad le chèile fad mìosan gus a h-uile càil a stèidheadhach ceart agus an cleasachd ionnsachadh. Bha draoidheachd a' dol sa sgrìobt agus bha e air leth spòrsail a bhith a' cruthachadh an sgrìobt. Bha deagh cho-obrachadh ann air an latha fiolmaidh agus gearradh cuideachd.

AN ÀIRIGH

On a warm summer's day, we took the whole of the S1 Gaelic learners class on an outing to The Shielling Project to learn about Gaelic in the environment. The Shielling is situated in beautiful Glen Strathfarrar.

The students saw animals (pigs and cows) and were given the opportunity to ask questions about the animals lives. The whole group saw and took part in some peat cutting and peat stacking. They also took part in a sketching exercise and discussion afterwards, practicing the Gaelic vocabulary they knew.

NA TORRAN

As part of their John Muir Award, students from Inverness Royal Academy joined Dingwall Academy and Portree High School at the Torrin Centre in Skye for an overnight / day trip. Everyone enjoyed a bbq on the Friday night and got to know new friends. On the Saturday, we drove to Elgol pier, for a sailing on the Misty Isle boat over to Loch Scavaig. The boat trip took half an hour and on the way we passed a large seal colony where the seals were basking in the sun! A short walk took us to beautiful Loch Coruisk where we all enjoyed a picnic and plenty Gaelic conversation.

TURAS LEÒDHAIS

S3/4 Gaelic learners went to the Isle of Lewis for 3 days for an immersion experience in the language and culture. The group met Nicolson Institute students for a Gaelic quiz, we ordered our meal in Gaelic at a local hotel, and also our minibus driver was a fluent Gaelic speaker! The group also visited Callanish, Dun Carloway Broch and played Gaelic games at the beach. The students all found it very useful to be able to use their Gaelic in everyday situations.

FIOLM LE DRAOIDHEACHD!

S1/S2 at Inverness Royal Academy made a brilliant effort with their FilmG entry just before Christmas. The group worked together for months to write the script, perfect their lines and organise everything before the filming day followed by edit day in December. Part of the storyline was about magic (loosely based on the Wizard of Oz storyline) and the group had great fun thinking of scenes and lines for the film. There was excellent teamwork and cooperation on the day of filming and during editing too.

SGITHEADH SA MHONADH RUADH 2018

Tha na h-uiread ri smaoineachadh air mas toir thu cnap òigridh a sgitheadh, ach bha aon rud cinnteach am bliadhna: cha robh ceist ann nach biodh sneachd air a' Mhonaidh Ruaidh. An là a shiubhail sinn dhan Chaol, bha rathaidean an Eilein Sgitheanaich sleamhainn fiu's aig ìre na mara. Rinn e toileachas dhuinn gu robh dithis bhalach còmhla riunn a thuilleadh air deichnear nighean as An Eilean. Is sinn bha coimhead spaideil is daithte aig Stèisean Rèile a' Chaol le seacaidean ghleansach agus màileidean mòra pionc, orains is uaine a bha cuir thairis le stuth.

Ged a bheireas tu leabhar leat air an treàna, cosgaidh tu tòrr tide feuchainn ri steam a dheanamh dhen ultach thiocaidean rèile nad cneas-airgid. Bidh cairt 'Càirdean is Caraidean' aig gach inbheach san sgioba againn - rud a tha taiceil ach nach dèalaig ri àireamh cho mòr. Bidh feadhainn ma thà le dà thiocaid a-mhàin dhan turais is feadhainn eile le ceithir tiocaidean. Bidh an uairsin 'tiocaidean mas fhior' an urra, a ghleidheas suidheachain dhuit. Cha robh ach còig mhionaidean an Inbhir Nis ri fhaighinn a-null gu Platform 6 son Treàn a Dhà a ghabhail dhan Aghaidh Mhòir. Feuch thusa le buidheann ri suidheachan sgate 9F agus 35B a lorg air a' bhad air bòrd treàna nuair a choinnicheas an trannsair chaol ri na ceasaichean thomadach ioma-dhàithe! Is e an fhirinn gu robh ar treànaichean Albannach na b'fheàrr 30 bliadhna air ais.

Ma tha thu trì bliadhna deug ge-tà, cha bhi leabhar a dhì air an treàn co-dhiù. Is e cothrom a tha ann am бага mòr mhaise gniùse Eideart am Fuinneadair a chur air a' bhòrd agus teannadh air aodannan a sgeideachadh le dathan - rud a bhiodh doirbh air bus. Thug mi an aire nach deach pailead nan dath a shineadh mo rathad ge-tà.

Ma tha thu gu bhith nad sgithear, tha tòrr ri chuimhneachadh - glocaid, speaclairean, miotaigean, buf, stocainnean, pòlaichean. Aig ar loidse, bha ùpraid ann feuchainn ri bòtannan cheart fhaighinn do gach chois. Thug seo uairean a thide ach aig dùnadh oidhche a h-aon, cha robh cas nach d'fhuair bòtan.

Thar nan trì làithean air na leathanan shneachda, bha sgioba Spòrs Gàidhlig trang a' stiùireadh an 41 neach òg a thàinig uile gu lèir dhan Champ. Agus thogar tòrr spionnadh am bliadhna. Chòrd na h-iùlaichean anabarrach math riutha agus abair sealladh nuair a chì thu 40 neach òg a' tèarnadh à

THE CAIRNGORM SKI TRIP 2018

When you have a sizeable group of young teenagers, The To Do List for a Ski Trip tends to grow quite long. But one thing was clear to us this year: there would definitely be snow on the Cairngorms and plenty of it. On the day we travelled to the train station at Kyle of Lochalsh, the Skye roads were really slippery even at sea level. We had two boys [hurrah!] and ten girls in our party. We made a colourful sight at the railway station with our vividly coloured ski jackets and our pink, blue and green suitcases, filled to the gunnels with stuff!

Though you may take a book with you on the train, you will be spending a lot of time trying to figure out the pile of tickets in your bulging money belt. Each adult in our team has a 'Family and Friends' railcard which is a help but 'families' in the Scotrail mindset don't extend to 12 children! Some of us are covered by two tickets and others by four. Then there are the seat reservation 'tickets' over and above. Once in Inverness, there are a mere five minutes to catch the ongoing train to Aveimore. It's not a small challenge to find seat 9F and also seat 35B while wrestling with big wide suitcases in narrow aisles. It is quite true that the train service in Scotland was better thirty years ago.

But if you are only thirteen and three quarters, you won't be wanting a book anyway. Once aboard, the girls got out the Ted Baker cosmetic bags and went to town doing up one another's faces. If you are going skiing, there is a lot to remember from the helmet to the goggles, the warm stockings, gloves, buff and poles. At our lodgings, considerable time was spent fitting all the feet to the right boots and 'din settings' for skis, though by sundown on Night One we were relieved when all forty one teenagers had a pair of boots that fitted them.

Over the three days on the Ski Slopes, the Spòrs Gàidhlig team were kept busy - some on the slopes and others in the wings. The children's skills came on in leaps and bounds this year. What a sight to see forty teenagers descend from the tops to the car park with the waiting bus below. We wouldn't have believed what could be achieved in three days. We learned that a minus 27 wind chill is not compatible with your average phone if you're hoping to take photos. However, some people

"Is toil leam am facal slighe"





mullach a’ Chùirn Ghuirm gu Pàirc a’ Choire Chais far an robh am bus gar feitheamh gu foighdinneach. Is bochd nach eil fuachd na gaoithe aig ìre -27 a’ còrdadh ri camarathan, ach thogar fiolmaichean siùbhlach le go-pro.

“Is toil leam am facal slighe – sin am facal Ghàidhlig as fheàrr leam,” thuirt Kathleen air an treàn dhachaigh. Agus san dealbh chithear aig Sligeachan na Sgitheanaich nach do ràinig dhachaigh buileach fhàthast. Chithear An Cuilithionn rin cùlaibh agus iad uile sàsaichte a bhith deanamh an t-slighe dhachaigh a-nis.

Eadar choirichean chasa, chòcairean chòir, sgioba sgileil is aimsir èibheasach, bha Turus Sgithidh 2018 uile gu lèor sgoinneal. Chòrd an loidse riunn agus bha an òigridh adhartach agus spòrsail. Airson buidheann cho òg ri 12 bliadhna, rinn iad fìor mhath ann a bhith cumail smachd air a h-uile càil a bha dhì. Ach gu cinnteach mu lorgas duine mìotag dhearg air mulach An Tarmachain, cuiridh mi geall gur ann leamsa a tha i.

CAMPA DUAIS IAIN MUIR 2017

Glaicte nar Clogaidean – Air a ueir ‘zip’ aig Albhaidh ann am Bàideanach

Ged nach eil Z anns a’ Ghàidhlig, feumaidh sinn aideachadh gun do chòrd a ueir ‘zip’ gu mòr ris an fheadhainn a thàinig gu Camp Nàiseanta Duais Iain Muir san t-Òg-mhios 2017. Bha an seasgad+ a ghabh pàirt ann ag obrachadh a dh’ionnsaigh Duais Iain Muir aig ìre 1, 2 no 3. Barrachd is barrachd, bidh òigridh na Gàidhlig an Alba rim faicinn le clogaid air an ceann mar a th’air feadhainn an seo a tha leum bho chraobh gu craobh aig Albhaidh faisg air An Aghaidh Mhòr. Tha sin ag innse dhuit gu bheil obair Spòrs Gàidhlig a’ sior dol am meud. Cha bhi sinne cunntas na cinn tuilleadh ach na clogaidean.

had a go-pro attached to their helmets, and there are lengthy films of the descent down over the thick blanket of compact snow which was just perfect this year. Wonderful as the Cairngorm range is, Skye girls cannot see past Sgùrr nan Gillean. In the photograph are four captured at Sligeachan, a sure sign that they are almost home. With fantastic weather conditions, perfect snow, a great team spirit and witty, kind-hearted cooks, the 2018 Ski Trip was altogether brilliant. We enjoyed our lodgings. The young people were on great form and made excellent progress. For a group that included ones as young as 12 years, they managed really well to keep a hold of every single item that is needed for skiing. As for the leaders, last year this one lost a blue hat and this year it was a red glove!

JOHN MUIR AWARD – NATIONAL CAMP 2017

Trendy in our Helmets and matching hoodies – Alvie Zip Wire, Badenoch

Though there is no ‘Z’ in the Gaelic alphabet, we have to admit that the ‘zip wire’ at Alvie really appealed to those on our National John Muir Award Camp in June 2017 when the sixty plus teenagers participated at Levels 1, 2 and 3. The Gaelic-speaking youth of Scotland are increasingly to be seen with helmets on their heads as seen above whilst zig-zagging down the Glen at Alvie, near Aviemore. More and more young people are attracted to the Spòrs Gàidhlig events and sometimes we find ourselves counting helmets instead of heads!

We have not yet tired of our wildcat logo to be seen on our black jumpers above. Though no Gaelic words start with an ‘H’, this doesn’t stop us giving out a hoodie every year to John Muir scholars. As for the long-serving staff, after seven years of doing the Award, our team

Cha do dh’fhàs sinn sgìth fhàthast de dh’iomhaigheachd a’ chat fhiadhaich a chithear air na geansaidhean dubha gu h-àrd. Oir ged nach bithear a’ tòiseachadh faclan sa Ghàidhlig le ‘h’, chan eil sin a’ cuir stad oirnn hoodaidh a thoirt seachad do gach neach a tha leanntainn Duais Sheonaidh a’ Mhonaidh. Bidh sgioba ChnaG feumach air preas aodaich as ùr ge-tà is sinn a-nis san t-seachdamh bliadhna a libhrigeadh na Duais air feadh Alba!

Is e àite math a tha ann an Tom a t-Sabhail, am baile as àirde an Alba ann an sgìre a tha liomlann ainmean-àite Ghàidhlig. Tha an t-uabhas ri dheanamh a-miugh. Is e annas a tha ann dhan Sgitheanach òig giuthas Albannach mhòr fhaicinn. Agus tha deugairean Ghlaschu air am beo ghlacadh nuair a chì iad air am beulaibh eilid le laogh a’ dol tarsainn an ceum

SLIGHEADAIREACHD IS AN ÀRAINNEACHD SGITHEANACH

Tron bhliadhna bha sinn ag obair air Sligheadaireachd agus an Àrainneachd Sgitheanach le clann bhun sgoil. Abair tlachd a bhith an sàs tro na ràithean le clann cho easgaidh! Bheachdaich sinn air an t-eadar-dhealachadh eadar lochan mara is fìor uisge. Rannsaich sinn fiadh bheatha is beathaichean na croite. Dh’ionnsaich sinn mu mhap iogantach an Eilein; mu thuath is deas, mu àrainnean an Eilein is ainmean-àite.

Thàinig 42 bhun-sgoilearan Sgitheanach còmhla son Farpais Shligheadaireachd bhliadhnail ann am Port Rìgh an Cèitean 2017. Tha sinn taingeil gu bheil meanbh-bhus agus trèalair againn airson Spòrs Gàidhlig a-nis. Bheir làithean mar seo cothrom dhan òigridh caraidean ùra a choinneachadh is sgilean chàin a neartachadh. Troi chur-seachadan spòrsail bidh sinn a’ toirt seachad an strùileag dhan àth ghinealaich.

BUN-SGOIL ÙR PHORT RÌGH

Is e tlachd a tha ann dhan òigridh gu bheil àm breith nan uan a’ comharrachadh saor làithean na Càisg. Ach do bhun-sgoilearan Phort Rìgh an 2018, tha iad air bhìrean na saor làithean sin a bhith seachad oir nuair a thilleas iad meadhan a’ Ghiblein bidh atharrachadh mòr rompa is iad a’ gluasad gu sgoil ùr!

Thar semestair 2017-2018 tha sinn air a bhith ag obair gach seachdain còmhla ri sgoilearan Phort Rìgh. Eadar An Lùnasdal agus an Dùbhlachd, chuirear eòlas air a’ chlann troi ‘Còmhradh le Cuspair’. Dh’obraich seo fìor mhath le bhith giùlan màileid mòr làn ‘props’. Bheachdaich sinn air ‘Cuimhneachadh is Dìochuimhneachadh’ agus ‘Pailteas agus Gainnead’. Ghabh sinn òrain. Thog sinn fuinn le drumachan is bogsa chiùil. Chòrd ceòl Bhlàir Dhùbhghlas gu h-àraidh riutha. Bha a’ chlann gu cunbhalach ann an deàgh shùnnad agus ro dheònach pàirt a ghabhail.

Bho toiseachd 2018, is e Sligheadaireachd is An Àrainneachd Sgitheanach a tha faineas dhuinn. Bheir na balaich is a’ chlann nighean seachad tòrr dha na

might need an additional chest of drawers for our own collection. Tomintoul – the highest village in Scotland – works as a great base for our activities. There are thousands of Gaelic place-names in the vicinity and an abundance of natural environments too. Young Glasgow Gaels are enchanted to see a hind with calf crossing the path in front of them, and the towering hundred year old Scots pine trees with attendant red squirrels are a rare sight for the young Sgitheanach.

ORIENTEERING AND THE SKYE ENVIRONMENT

Skye has a great generation of young Gaelic speakers and we are proud to be working with them in the delivery of Spòrs Gàidhlig. For months we delivered sessions on Sligheadaireachd and the Skye environment of habitats and wildlife. It was a joy arriving at the schools and knowing that you were going to get a receptive audience raring to go.


2017 also saw our second annual Orienteering competition for Skye’s primary children. We were fortunate to be assisted again by Active Schools Co-ordinator, Sarah Ross. Forty two children attended from five schools. Opportunities like Sligheadaireachd open up their world to new friends, and strengthen the community of young speakers.

In the 2017-2018 semester, we have been working with Portree School and our number at the annual competition in May 2018 will be a lot higher! Isn’t it a privilege to be able to pass on the baton to the younger generation through great fun and outdoor education?

THE NEW GAELIC SCHOOL IN PORTREE

The Easter holidays signify the end of a long wet winter and the welcome arrival of the wee lambs. But the Gaelic-medium primary pupils in Portree are undoubtedly wishing the holidays to go past quickly since when they return in mid-April they will be going to a brand new school!

During the 2017-2018 semester, we have been working with Portree Primary School. Between August and December we got to know the children through Gaelic Conversation. This worked really well with all ages



seiseanan sin.

Le clann deònach, tha an obair agad furasda is tlachdmhor. Bidh 123 bhun-sgoilear a’ dol dhan sgoil ùr, agus 47 dhan sgoil àraich cuideachd. Bidh iad rim faithneachadh leis na geansaidhean ùra dearg is an cuid ghàire mhòr. Tha sinn a’ guidhe gun tèid gach cùis gu math le Flora Guidi agus a sgioba.

An rud a tha cho càillear mu Sgoil Phort Rìgh is e am fàilte chridheil a gheibhear bho sheachdain gu seachdain agus an spiorad dòigheil eadar a h-uile duine - beag is mòr. Is fhiach tòrr leasachadh a dheanamh ma tha an dà phrìomh rud sin ann.

Aig a’ cheart àm tha sinn a’ guidhe soirbheachais gu Portree Primary School a tha air a bhith na sgoil mhath shoirbheachail thar iomadach bliadhna. Is i Sara NicMhathainn a bhios na ceannard agus uallach roimpe airson 153 sgoilear. Ar beannachdan is deàgh dhùrachdan do gach sgoil.

not least because of the suitcase full of props to encourage everyone to get involved with a wee bit of drama. We explored topics such as ‘Remembering and Forgetting’ as well as ‘Plenty and Want’. We had lively music sessions too with rousing choruses and shakers and drums. Blair Douglas’ music came out the favourite. The young people were consistently enthusiastic and on great form.

Since January 2018, we have been working on Orienteering and The Skye Environment. They have been fabulous contributors to these sessions.

When young people are willing and enthusiastic, your job is easy and pleasurable. There will be 123 pupils moving to Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, along with 47 pre-schoolers. They will be recognisable by their bright red sweaters and their big uplifting smiles. We wish Head Teacher, Flora Guidi, and her team all the best for the big move.

At the same time, we wish every success to Portree Primary School which has been an award-winning successful school for many years. The Head Teacher is Mrs Sara Matheson and she will be responsible for her team and 153 pupils. We wish both schools our blessings and good wishes for the future.

IONMÀIRT NA HEARADH

SRADAGAN 'S NA HEARADH

Tha buidhnean Sradagan air a bhith a’ ruith tron bhliadhna an Ceann a Tuath agus Ceann a Deas Na Hearadh. Bidh iad a’ ruith gach seachdain agus bidh a’ chlann a’ gabhail pàirt an diofar spòrsan is cur-seachadan a tha a’ còrdadh riutha gu mòr. Tha còrr is 50 duine-cloinne a’ gabhail pàirt sna Sradagan.

CLASAICHEAN GÀIDHLIG DO INBHICH

Chaidh clasaichean Gàidhlig a chumail do inbhich aig toiseach na bliadhna. Chaidh bloc de 10 seachdainean a dhèanamh le ochdnar a’ frithealadh nan clasaichean.

CLASAICHEAN GÀIDHLIG DO PHÀRANTAN

Chaidh clasaichean Gàidhlig cuideachd a chumail airson pàrantan, gus an cuideachadh a bhith air chomas taic a thoirt don cuid chloinne le obair-dachaigh. Bha e duilich latha a bha freagarrach don mhòr-chuid a lorg agus le sin bha na h-àireamhan a’ frithealadh nan clasaichean beag, agus chaidh an stad. Thathas an dòchas gun tòisich iad air ais an dèidh co-chomhairleachaidh leis na pàrantan mun latha as freagarraiche dhaibh.

THIG A CHLUICH

Tha an t-Oifigear Leasachaidh air cur air dòigh gum bidh “Thig a’ Chluich” a’ gabhail àite sna Hearadh. Bidh e a’ gabhail àite an Talla Na Mara, Pairc Niseaboist. Tha seo a’ fàgail gu bheil e goireasach do phàrantan o air fheadh Na Hearadh. Aig na seiseanan “Thig a Chluich” bidh seisean Bookbug ann dhan chlann, cothrom cluich le raon farsaing de dhèideagan agus cothrom eòlas a thogail le clann eile. Bithear a’ toirt fiosrachaidh mu bhuannachdan Fhoghlaim Tro Mheadhan na Gàidhlig dhan pàrantan. Tha iarrtas mòr air Thig a Chluich.

SRADAGAN & HARRIS

Sradagan groups have been meeting during the year, in both North and South Harris. They meet weekly where they participate in a variety of sports and also a wide range of other activities they enjoy. Over 50 children take part in the Sradagan groups. It is hoped that these classes will restart later on the year.

GAELIC CLASSES FOR ADULTS

A 10-week block of Gaelic classes for adults, which was attended by 8, were held at the beginning of the year. It is hoped that further classes will be held later on in the year.

GAELIC CLASSES FOR PARENTS

Gaelic classes for parents were also held, where parents were given help and support to enable them to assist their children with homework. It proved difficult to choose a day which was suitable for all parents and the classes were stopped. It is hoped to restart the classes following a consultation with parents on the most suitable day.

THIG A CHLUICH

The Harris Development Officer has made arrangements for “Thig a Chluich” to be convened in Harris on a regular basis. It takes place in Talla na Mara, Nisabost Park, making it easier for parents from all parts of Harris to attend. At the “Thig a Chluich” sessions the children enjoy a Bookbug session, have an opportunity to play with a wide range of toys and also meet and make friends with other children. Parents are provided with information on the benefits of bilingual education. There is huge demand for “Thig a Chuich”.



CLUB SAMHRAIDH

Ann am meadhan làithean-saora an t-Samhraidh, ghabh club Samhraidh àite ann an Steòrnabhagh. Bha an club a’ ruith fad seachdain agus bha e fosgailte airson clann bho aois 5-11. Tha an club seo air a bhith ruith gach Samhradh anns na làithean-saora airson ceithir bliadhna a-nis. 'S e amas a’ chlub an cothrom a thoirt don òigridh Gàidhlig a chleachdadh thar mìosan an t-Samhraidh, nuair nach eil iad faisg air seomar-chlas. Bha clàr-ama làn againn thar na seachdainne, 's an òigridh a’ faighinn an cothrom a bhith a’ dèanamh bèiceareachd, ealain agus geamannan eadar-dhealaichte, gu lèir air a libhrigheadh sa Ghàidhlig. Cuideachd air sgàth 's gun robh an aimsir cho math an t-seachdain a bha an club a’ ruith, fhuair sinn a-mach air cuairt timcheall a bhaile agus dhan a’ phairc. Bha timcheall air fichead neach an làthair agus abair gun do chòrd e riutha gu mòr!

TURAS NAN GEARRANNAN

Gach bliadhna, bidh sgoilearan a tha a’ dèanamh cuspairean sòisealta tro mheadhan na Gàidhlig, a’ faighinn an cothrom a dhol air seisean-còmhnaidh airson dà là. Tha an turas seo fosgailte airson sgoilearan a tha fileanta sa Ghàidhlig agus bidh sinn a’ dol gu Ionad Scaladail no gu taighean-dubha nan Gearrannan. An-uiridh 's ann gu Na Gearrannan a chaidh sinn agus an dòchas an aon rud a dhèanamh am bliadhna-sa cuideachd. 'S e turas cultural a tha seo far am bidh na sgoilearan, thar dà là, a’ tadhal air gnìomhachasan eadar-dhealaichte sa choimhearsnachd, aig a bheil ceangal làidir ris a’ Ghàidhlig. Bidh iad ag ionnsachadh mun obair aca agus tha iad a’ faicinn na cothroman-obrach a tha ri fhaotainn air feadh nan eilean, Urras Oighreachd Ghabhsainn, Comunn Eachdraidh Nis agus Muilinn Shiaboist nam measg. Air an oidhche bidh an òigridh a’ dèanamh cur-seachadan spòrsail sa Ghàidhlig agus cuideachd beagan bèiceareachd!

TURAS GHLASCHU

Gach bliadhna, bidh sgoilearan AS2 a tha an dùil Gàidhlig a thaghadh mar chuspair an ath bhliadhn’, a’ faighinn an cothrom a dhol air turas a Ghlaschu. Tha an turas a’ gabhail aite thar seachdain sa Chèitean agus thèid program làn thachartasan a chur air dòigh dhaibh. Bidh iad a dol gu Trampoline Park, bobhladh, laser tag agus tòrr chur-seachadan spòrsail eile.

Cuideachd tha iad a’ faighinn an cothrom a bhith an sàs ann an tachartasan Gàidhlig, 's iad a’ tadhal air àitichean eadar-dhealaichte leithid MG Alba, Oilthigh Ghlaschu agus am bliadhna sa Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. 'S e amas an turas, cothrom a thoirt don òigridh a bhith air am bogadh sa chànan thar na seachdainne. Bidh iad am measg òigridh eile, ann an suidheachadh neo-fhoirmeil agus tha sinn an dòchas gum bi iad air am misneachadh gu bhith a’ bruidhinn Gàidhlig barrachd.

GABH GRÈIM AIR GÀIDHLIG 2018!

Gach bliadhna, bidh Iomairt Sgoil Mhicneacail a’ cur air dòigh tachartas Fèill Dhreuchdan airson sgoilearan AS2. Bidh seo a’ gabhail àite sa Ghearran gach bliadhna, dìreach mus bidh na sgoilearan a’ dèanamh na taghaidhean aca, airson cuspairean na h-ath bhliadhn’. Am bliadhna sa, bha coig-deug gnìomachasan eadar-dhealaichte bho air feadh nan eilean an làthair. Fhuair na sgoilearan, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, an cothrom bruidhinn ri buidhnean leithid Iomairt na Gàidhealteachd 's nan Eilean, UHI, Acair, Stòrlann agus grunn eile mun obair aca. Cuideachd bha an cothrom aca pàirt a ghabhail ann an bùithean-obrach thar na maidne. Dh’ionnsaich iad sgilean phractaigeach le bhith a’ dèanamh clàradh leis Na Meadhannan agus cuideachd bha iad a’ cur sgeulachdan air dòigh iad fhèin anns na buidhnean aca. 'S e là air leth soirbheachail a bha seo a rèir na measaidhean a chaidh a dhèanamh leis na sgoilearan an dèidh làimh!

dealbhan

HOLIDAY CLUB

During the Summer holidays, a Gaelic holiday club took place in Stornoway. The club ran for a week and was open to children aged between 5-11. The club has been running each Summer, for the past four years. The aim of the club is to give the young people an opportunity to speak Gaelic, during the holidays, when they are away from a classroom setting. We had a full program for the week, where they got the chance to do some baking, arts and crafts as well as plenty games, all delivered in Gaelic. Also, since the weather was so good that week, we got to go out for walks around the town, as well as to the playpark. There were twenty attending the club and they all had a great time!

TURAS NAN GEARANNAN

Each year, pupils that are being taught social subjects through the medium of Gaelic, get the chance to go on a residential, on the island for two days. The trip is open to fluent Gaelic speakers and we usually go to either the Scaladale Outdoor Centre or the Gearannan Blackhouses. Last year, it was to Gearannan we went and we hope to do the same again this year. It is a cultural trip where the pupils, over the two days, visit different Gaelic establishments in the community, that have strong link to the Gaelic language. They learn about the different jobs available across the island; Galson Estate Trust, Comunn Eachdraidh Nis and the Shawbost Mill, amongst some of them. At night, the young people to some activities as well as a little baking, all delivered in Gaelic!

S2 GLASGOW TRIP

Each year, S2 pupils, that are choosing Gaelic as a subject on S3, get the opportunity to go on a trip to Glasgow. The trip takes place over a week in May and a program full of activities is prepared for the young people. They go to the Trampoline Park, bowling, laser-tag and much more. They also visit Gaelic organisations such as MG Alba, University of Glasgow and this year hopefully to Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. The aim of the trip is to give pupils the young people the chance to be immersed in Gaelic over the course of a week. They are amongst their peers, in an informal setting and we hope that it will help to improve their language skills as well as becoming more confident in using the language themselves.

GABH GRÈIM AIR GÀIDHLIG!

Each year, Iomairt Sgoil Mhicneacail hold a Gaelic Careers day, open to all S2 pupils. It takes place in February of each year, before the pupils complete their subject choice forms for the following year. This year, we had fifteen different organisations involved. Pupils, both learners and fluent speakers had the opportunity to speak to organisations such as HIE, UHI, Acair, Stòrlann and many others and find out about the work they do. They also had the chance to take part in a number of workshops over the morning. They put their practical skills to use, by doing some recording and editing with Media organisations, as well as creating their own storyboards. An evaluation was done with pupils after the event and by all accounts it was a very successful day!



IONAIRT UIBHIST

MIUGHALAIGH

As dèidh feuchainn air cuairt a chuir air dòigh a Mhiughalaigh uair no dhà eile roimhe agus gun faighinn ann a thaobh an t-side, fhuair sinn an mu dheireadh thall, agus abair gum b' fheuch feitheamh air a shon.

Tha Miughalaigh mu 12mhile deas air Barraigh agus shiubhail buidheann Òigridh Uibhist a Mhiughalaigh a Èirisgeidh còmhla ri Paul agus Cailean bho Uist Sea tours agus chòrd an dòigh siubhail seo uile gum mòr ri na deugairean agus an rib gar toirt ann an ùine gu math luatha.

Bha sealladh breagha romhainn fiùs mus tàinig sin far an rib, is an tràigh sgoinneil làn de an ceudan de ròin.

As dèidh a dhol air tìr fhuair an òigridh cothrom beagan ionnsachadh mu dheidhinn eachdraidh an eilean agus an dòigh beatha a bha aig muinntir an eilean. Chunnaic sinn tòrr seann tobhtaichean, an taigh-sgoile, cladh agus an eaglais. B' e turas gu math inntinneach a bha ann dhan òigridh agus iad gu math fortanach tadhail air an eilean iomallach seo airson tuigse fhaighinn mar a bha cuisean cho doirbh do mhuinntir an eilean is coir is ceud bliadhna ann a-nis bhon a dh'fhàg na daoine mu dheireadh.

Bha an turas seo air a chuir air dòigh le Màiri Anna Chaimbeul agus Catrìona Mhoireasdan. Tha sin airson taing a thoirt do Sarah NicEachainn airson siubhail còmhla rinn agus beagan dhan eachdraidh innse dhan òigridh agus do Paul agus Cailean airson ur faighinn ann agus air ais gu sàbhailte.

UIBHIST 1/2

Bha coltas blasta dhà-rìreabh air na truffles a rinn òigridh a dh'fhan às dèidh na sgoile ann an Sgoil Lionacleit. Rinn an òigridh uile truffles le teòclaid agus còconut nam measg agus chòmhdaich iad feadhainn le teòclaid, teòclaid geal, còconut agus suiteis. Bha an seisean seo air a' ruith le oifigearan Ionnsachadh Coimhearsnachd na Comhairle agus ChnaG agus bha an òigridh math fhèin air èisteachd ri na bha aca ri dhèanamh aig gach ìre is iad a' leantail òrduighean tro mheadhain na Gàidhlig

UIBHIST 2/2

Chaidh tòrr diofar thachartasan a chumail ann an Uibhist & Èirisgeigh thairis air an t-Samhraidh airson clann fo-aois sgoil, aois sgoil, deugairean agus pàrantan. Bha seiseanan ealain agus seinn ann airson Pàrantan is pàistean a bha a' toirt cothrom dhan na pàrantan pàirt a ghabhail ann an cur-seachad spòrsail còmhla ri am pàistean.

Bha iomadh seòrsa tachartas eile ann cuideachd agus bha spòrsail gu leòr na luib. Chithear dealbhan bho feadhainn dhiubh seo.

Chaidh turas Bharraigh airson clann bun-sgoile agus turas gu ionad Sgaladail airson deugairean a chuir air dòigh le Màiri Ann aig CnaG ann am com-pàirteachas còmhla ri Catrìona Mhoireasdan aig CLD. Bha dà latha sgoinneil an seo agus chòrd iad ris an òigridh a ghabh pàirt.

MINGUALY

Bad weather had stopped us from planning this trip a number of times but we eventually made it to Mingualy and it was well worth the wait.

Mingualy is around 12 miles south of Barra and the Òigridh Uibhist group were fortunate to get a trip here in the rib with Uist Sea Tours. The beach was covered with hundreds of seals, what a view to welcome us.

We went on to the island and we learnt about the island history and the way of life the people had. We all the old ruins, school house and church. It was a very interesting trip for the young people and it made them realise how hard life would have been on such a remote island. The trips was organised by Mary Ann Campbell and Catriona Morrison and we were fortunate to have Sarah MacEachen join us to tell the young people some information about the island. Thanks to Paul and Colin at Uist Sea Tours for ensuring we had a safe trip.

UIBHIST 1/2

All the young people made some tasty looking truffles at the after school session at Sgoil Lionacleit. They all made truffles with a chocolate and coconut mix and they covered them in chocolate, white chocolate, coconut and sweets. This session was organised by the CLD officers from the Comhairle and Comunn na Gàidhlig and the young people were very diligent and listened well to all the instructions that they had to follow through the medium of Gaelic.

UIBHIST 2/2

There was plenty activity in South Uist & Eriskay over the summer months, for children pre-school and school aged, teenagers and parents. Parents and their tots took part in some art and singing sessions which gave parents the opportunity to take in fun activities along with their children.

There was many other sessions over the summer and you can see some of those in the pictures.

A trip to Barra for primary school children and a trip to Scaladale Outdoor centre for teenagers was organised by Mary Ann at CnaG in partnership with Catriona Morrison at CLD. Both days went well and very much enjoyed by the young people that attended.

SPÒRS

AIRSON ÒIGRIDH



Chaidh sgioba ùr aig Spòrs Gàidhlig a stèidheachadh aig Loidse a' Ghlinne Mhòir, sàr-ionad nàiseanta faisg air an Aghaidh Mhòr. Bha seo a' leantainn bliadhnaichean de shaothair agus obair leasachaidh agus le dithis luchd-trèanaidh agus co-òrdanaiche, thathar an dùil ri fàs a thaobh cur-seachadan tron Ghàidhlig agus an t-àireamh a tha gabhail pàirt.

'S e amas Spòrs Gàidhlig a bhith tabhann chur-seachadan a tha sàbhailte, inntinneach agus spòrsail, tron Ghàidhlig do dh'òigridh air feadh Alba. Tha seo a' gabhail a-steach cloinn aig a bheil Gàidhlig, iadsan a tha ga h-ionnsachadh agus a h-uile duine eile aig nach eil ceangal ris a' chànan.

Bidh Spòrs Gàidhlig ag obair air feadh na dùthcha agus a' tabhann chur-seachadan ùra (tron Ghàidhlig), a-muigh agus a-staigh. Tha na cur-seachadan seo a' gabhail a-steach sgitheadh, coiseachd, rothaireachd, dùbhlain sgioba, sligheadaireachd agus cuspairean co-cheangailte ris a' Churaicealaim airson Sàr-mhathas.

BEURLA